



Seirbheisean Planaidh is Riaghlaidh Cairt Seirbheis do Luchd-cleachdaidh 2012



Airson tuilleadh fiosrachaidh mu, no ma tha ceist agaibh do, Ìrean-riaghlaidh Togail, Stiùireadh Leasachaidh, Poileasaidh Leasachaidh, Slàinte san Àrainneachd no Ìrean-riaghlaidh Malairt mas e ur toil cuir-ibh fios gu aon der n-Àidseantan Seirbheis Luchd-cleachdaidh a tha rim faotainn 9m gu 5f, Diluain gu Dihaoine, agus faodar grèim fhaighinn orra an seo:

Ìrean-riaghlaidh Togail, Stiùireadh Leasachaidh, Poileasaidh
Leasachaidh - 01546 605518

Slàinte san Àrainneachd agus Ìrean-riaghlaidh Malairt - 01546 605519

No faodaidh sibh tadhal air

www.argyll-bute.gov.uk/planning-and-environment

airson barrachd fiosrachaidh no fios air far a bheil an t-Ionad Seirbheis Luchd-cleachdaidh no an Oifis Roinne as fhaisge

**Seirbheisean Planaidh
is Riaghlaidh**
Planning and Regulatory Services

Stiùireadh Leasachaidh • Poileasaidh
Ìrean-riaghlaidh Togail • Ìrean-riaghlaidh Malairt
Slàinte san Àrainneachd

A' ruighinn àirde ar comais le

www.argyll-bute.gov.uk/planning-and-environment

Prìomhachas don neach-cleachdaidh

Nì sinn oidhirp ar luchd-cleachdaidh a chuideachadh gus am faigh iad an t-seirbheis a tha dhìth orra, no gus na ceistean aca fhreagairt sa chiad dol-a-mach. Tha e na amas dhuinn nach bi agaibh ri foirmichean a lìonadh gun adhbhar, nach iarr sinn fiosrachadh a fhuair sinn mu thràth, agus nach cuir sinn sibh gu luchd-obrach no buidhnean eile nuair nach eil feum.

Ar n-Amasan:

- A' toirt sheirbheisean luachmhor, buadhmhor is èifeachdach do ar luchd-cleachdaidh uile
- A' dèanamh cinnteach gu bheil ar toglaichean agus fiosrachadh cho so-ruigsinn sa ghabhas
- A' dèiligeadh ris a h-uile duine gu cothromach agus le spèis
- A bhith fosgailte, onarach agus cunntachail nar n-obair
- A' sireadh bheachdan ar luchd-cleachdaidh agus ag èisteachd riutha
- Ag obair gus an tig piseach leantainneach air ar seirbheisean agus pròiseasan
- A' toirt comhairle agus fiosrachadh seachad ann an dòigh a tha soilleir agus furasta a thuigsinn
- A' cur sparradh an gnìomh ann an dòigh a tha cothromach, co-sheasmhach agus a' meas cunnart

Ma dh'fhònas sibh thugainn:

- Freagraidh sinn am fòn gu sgiobalta - feuchaidh sinn ri a fhreagairt taobh a-staigh 20 diog
- Innsidh sinn dhuibh ar n-ainm
- Bidh sinn modhail, càirdeil agus proifeiseanta
- Feuchaidh sinn ri fuasgladh fhaighinn air a' cheist agaibh anns a' bhad
- Cuidichidh sinn sibh le bhith a' lìonadh fhoirmichean
- Fònaidh sinn air ais thugaibh eadar 9m is 5f, Diluain gu Dihaoine

Ma thig sibh a bhruidhinn rinn:

- Bidh soidhnichean soilleir air toglaichean na Comhairle anns am faighear seirbheisean a thaobh Ìrean-riaghlaidh Togail, Poileasaidh Leasachaidh, Stiùireadh Leasachaidh, Slàinte san Àrainneachd no Ìrean-riaghlaidh Malairt
- Bidh ar n-uairean fosglaidh rim faicinn, 9m gu 5f, Diluain gu Dihaoine
- Nì sinn cinnteach, cho fad 's as urrainn dhuinn, gu bheil ar n-oifisean so-ruigsinn don a h-uile duine
- Bidh àite ann dhuibh nam b' fheàrr leibh bruidhinn mun cheist agaibh gu prìobhaideach
- Nì sinn cinnteach gu bheil ar n-ionadan-fàilte glan is sgiobalta
- Bidh am fiosrachadh as ùire ri fhaicinn air feadh ar n-ionadan-fàilte
- Cuidichidh sinn sibh le bhith lìonadh fhoirmichean
- Bidh bràistean aithneachaidh oirnn

Nuair a thadhlas sinn oirbh 's e a nì ar luchd-obrach:

- Tadhlaidh iad air latha agus aig àm a tha freagarrach eadar 9m is 5f, Diluain gu Dihaoine
- Bidh bràistean-aithneachaidh aca
- Bidh sinn ag amas air cumail ri uair ar coinneimh ach mura h-urrainn dhuinn a thighinn, no ma tha dàil gu bhith ann, leigidh sinn fios dhuibh cho luath 's as urrainn

Ma chuireas sibh litir, post-d no facs thugainn:

- Leigidh sinn fios gun d'fhuair sinn bhur ceist taobh a-staigh 3 làithean-obrach
- Sgrìobhaidh sinn air ais thugaibh le freagairt iomlan taobh a-staigh 10 latha-obrach airson ceistean simplidh, no taobh a-staigh 20 latha-obrach ma tha rannsachadh a dhìth airson freagairt. Mura h-urrainn dhuinn freagairt a thoirt dhuibh san ùine sin, innsidh sinn dhuibh carson
- Cleachdaidh sinn Beurla shoilleir nar freagairt no cruth no cànan a tha iomchaidh do ur feumalachdan
- Bheir sinn dhuibh ainm, àireamh fòn agus seòladh post-d an neach a tha a' dèiligeadh ri ur ceist

COMHARRAN COILEANAIDH –

Nì Seirbheisean Planaidh is Riaghlaidh an dicheall gus cinn-uidhe Cairt Seirbheis Luchd-cleachdaidh na Comhairle a ruighinn nar n-obair agus gus na h-ìrean coileanaidh sònraichte a leanas airson seirbheis a chur an sàs

Tha e na amas dhuinn:

- Fios a chur thugaibh mu iarrtasan airson Bharrantasan Togail taobh a-staigh 20 latha-obrach
- Dèiligeadh ri iarrtasan planaidh Ceann Taighe agus Iarrtasan Planaidh Ionadail taobh a-staigh dà mhìos
- Plan Ionadail Leasachaidh làithreach a bhith againn
- Uile thadhlaichean slàinte àrainneachd a th' air a' chlàr-gnothaich againn a ghabhail os làimh agus ceistean coitcheann a fhreagairt
- Freagairt a thoirt do ghnothaichean Ìrean-riaghlaidh Malairt agus ceistean luchd-cleachdaidh taobh a-staigh 14 làithean-obrach

Chì sibh, mas e ur toil, sreath nas iomlaine de chomharran coileanaidh airson gach roinn den t-seirbheis: Ìrean-riaghlaidh Togail, Poileasaidh Leasachaidh agus Stiùireadh, Slàinte san Àrainneachd agus Ìrean-riaghlaidh Malairt air an làrach-lìn againn no ann an oifis roinneil sam bith.

Gearanan:

- Tha an siostam gearain againn foillsichte air an làrach-lìn agus ann am bileagan a tha rim faotainn aig ionadan-fàilte ar n-oifisean
- Bidh sinn a' coimhead gu mionaideach ri gearan sam bith agus innsidh sinn dhuibh dè thachras
- Mura h-urrainn dhuinn ur gearan a rèiteach sa bhad, gheibh sibh fios gu bheil sinn a' dèiligeadh ris taobh a-staigh 3 latha-obrach